

DEALBH-OBACH

| Tìotal-obrach | Preantas Ùr-nòsach Ioma-mheadhain (Steòrnabhagh) | Ìre | A | Uaireannan Seachdaineach | 37 |
|---------------------------------|---|-----|---|--------------------------|----|
| Amas | Crìoch air Preantasachd Ùr-nòsach tro ionnsachadh san àite-obrach, eòlas dreuchdail agus measadh sgilean. | | | | |
| Cunntachail do | Manaidsear Obrachaidh (Goireasan) | | | | |
| Le uallach airson | Bidh an dreuchd preantasachd ùr-nòsach 18 mìosan agus bheir e seachad trèanadh farsaing agus eòlas agus sruthan-obrach measgaichte airson prògraman craolaidh a gheibh MG ALBA. Feumaidh am preantas 7 modalan èigneachail agus 5 modalan roghainneil a choileanadh. Ionnsaichidh am preantas gach taobh de obair craolaidh. Gabhaidh seo a-steach iar-riochdachadh prògram, modhan-foillseachaidh meadhanan sòisealta airson prògraman, clàr-ama co-cheangailte ri prògraman agus an taic innleadaireachd airson an t-sruth-obrach seo. | | | | |
| Dàimhean obrach | <ul style="list-style-type: none"> • Dàimh obrach làitheil taobh a-staigh na Roinn Obrachaidh • Suidheachaidhean stèidhichte air cuspair taobh a-staigh roinnean air feadh na buidhne | | | | |
| Priomh raointean toraidh | <ul style="list-style-type: none"> • A h-uile gnìomh, builean ionnsachaidh agus measaidhean riatanach gus inbhean Measadair SVQ a choileanadh • Crìoch air a' Phreantasachd Ùr-nòsach gu SVQ Ìre 7 • A' toirt taic do dh'obair na roinne obrachaidh ann an riochdachadh telebhisein a' toirt a-steach obair camara, deasachadh bhidio, grafaigs gluasad, clàradh claisneachd agus measgachadh, riatanasan smachd càileachd, tasglann agus siostaman leabharlainn agus cleachdadh Microsoft Sharepoint. • A' toirt taic do dh'obair an Aonaid Dhidseataich tro chruthachadh agus clàrachadh susbaint nam meadhanan sòisealta • A' toirt taic do phròiseactan agus tachartasan gnìomhachais. | | | | |
| Priomh ghniomhan | <ul style="list-style-type: none"> • Cuideachadh le bhith a' cruthachadh grafaigean (a' cleachdadh bathar-bog grafaigeach gluasaid) airson riochdachadh ioma-mheadhain. • Taic a thoirt do luchd-obrach anns gach taobh de riochdachadh ioma-mheadhain a' toirt a-steach bhidio agus claisneachd. • A bhith ag obair còmhla ri buill eile na sgioba gus dèanamh cinnteach gu bheillear a' coinneachadh ri cinn-ama. • Cuir beachdan ùra ris a' phròiseas riochdachaidh. • Ceangal a dhèanamh le co-obraichean agus measadairean eile a dh'fhaodadh a bhith a' cur ris an toradh chrìochnaichte iomlan. • Cum suas ris na sruthan obrach gnàthach taobh a-staigh ioma-mheadhain • Obrachadh ann an gnìomh taic air pròiseactan leithid SpeakGaelic; LearnGaelic; an Aonad Dhidseatach • A' gealltainn gu deònach prògram trèanaidh barrantaichte. • A' gealltainn gun cleachd thu a' Ghàidhlig san àite-obrach. | | | | |
| Riosg | <ul style="list-style-type: none"> • Fo Mhodail Riaghladh Cunnairt MG ALBA, thathas a' faicinn cunnart mar rud a tha a' buntainn ris a h-uile duine. • Mar sin, tha uallach air gach neach-dreuchd beachdachadh air cunnart an-còmhnaidh, a' toirt a-steach uallach a bhith ag aithris/a' beachdachadh air cunnartan, cunnartan a dh'fhaodadh nochdadh, maothachadh cunnairt agus/no cùisean don Mhanaidsear Loidhne aca no do bhuill Buidheann Cunnairt Corporra. • Bidh na Clàran Cunnairt mìosail as ùire rim faicinn air SharePoint agus thathas a' brosnachadh luchd-dreuchd iad sin a leughadh gu cunbhalach. • Bu chòir do gach neach-dreuchd a bhith deònach beachdachadh air cunnart aig measaidhean luchd-obrach agus/no amannan còmhraidh obrach. | | | | |

| | |
|------------------------|---|
| Bun sgilean | <ul style="list-style-type: none">• Ag obair air coimpiutair no ‘tablet’• Comas a bhith ag obair mar phàirt de sgioba• Comas coinneachadh ri cinn-latha• Dòigh-obrach adhartach a thaobh obair• Sgilean conaltraidh agus eadar-phearsanta math• Glèidheadh ùine mhath• Beurla, Matamataig, Gàidhlig aig ìre ‘National 5’• Ìre mhath de litearrachd IT• Fileantachd ann an comas labhairt Gàidhlig (taic air a thoirt seachad airson comas sgrìobhte ma tha feum air)• Ùidh follaiseach ann an dreuchd ann an roinn nam meadhanan |
| Fad na h-obrach | Teirm shuidhichte – 18 mìosan |